

PART I.

• 2IN • 10N • DUBH •

THE • BLACKBIRD



THE BLACKBIRD

— ◆ —

A COLLECTION OF

Twenty=Eight Gaelic Songs,

WITH MUSIC,
IN TWO-PART HARMONY.

Intended for use in the Schools of the Highlands;
But all the Songs are Suitable for Adults.

— ◆ —

MALCOLM C. MACLEOD
183 Blackness Road, Dundee.

PREFACE.


Although THE BLACKBIRD is designed principally for use in the Schools of the Highlands, all the Songs are suitable for Adults. We are indebted to Mr R. D. Jamieson, Glasgow, for the Harmonies of the greater number of the Songs, and for the use of the remainder to Mr Neil Orr, Schoolmaster, Portnahaven, Islay, whose Children's Choir have been singing them for several years. We are also indebted to Mr Malcolm Mac Farlane, Elderslie, Johnstone, for the great care he has bestowed on the words and editing the book.

THE PUBLISHER.

CONTENTS OF TITLES AND FIRST LINES.

THE BLACKBIRD.

	No.		No.
Am bheil thu sgìth	15	Iorram	17
Am buachaillle buidhe	26	Mac òg an Iarla ruaidh	28
A mhuintir mo ghaoll	2	Maduinn Shamhraidh	22
An Eilean a' cheò	10	Maill bheag òg	1
An gleann 'san robh mì òg	9	Mhuintir a' ghlinne so	24
An t-eun-siubhal	16	Mo chòmhuaidh taobh an t-sàil	21
Bha mi 'n raoir an Colle chaoll	19	Mo roghainn a' Ghàidhlig	11
Boch oirinn ó!	7	Nach truagh leat mì 's mì'm prìosan	1
Caldil gu là	6	Na Gàidheil	23
Caol Mulle	20	Nuair a philleas ruinn an samhradh	9
Cha 'n shuirich sruth ri bàta	21	O, gur mis' tha sona dheth	4
Chì mi thall ud an Airdmhor	13	O hò ro i ri ri	6
Chunneas bean 'san tùr 'na suidhe	27	Oigh mo rùin	10
Cò 'n sluagh tha 'n dùgh	23	Oran na tì	25
Cothaichibh! Cothalchibh!	2	O, 's fada 'sa mhonadh	26
Faill ithill ho ró	11	O, 's sgairteil buille bras do sgiath	16
Fhìr leis an cumant'	25	Sgìth	15
Ged a shiubhail mì clan	20	Shuidh mi air cnoc is leig mi n'anail	17
Gu 'n d' fhalbh mo bhean chomulun	14	'S i tìr mo ghràidh an tìr	8
Hé 'n clò-dubh	5	Tha dolnean nan speur air	22
Hill u llinn là ho ró	28	Théid i 's gu 'n téid i leam	12
Hó ro Eileanaich	13	Thig blàth air a' ghluibhas	14
Hó ro, Ghaidheil tha 'n t-àm	7	Thug mi gaol do 'n fhear bhàn	18
Hóro mo chuid chuideachd tha	8	Tìr mo ghràidh	8



AN LÒNDUBH.

EARRANN I.

1

MAILI BHEAG ÒG.

GLEUS D.

{	s		s	:-	f		m	:-	s		d'	:-		s	:-	f		m	:-		r	:-	:-	d		d	:-		-	}
{	m		m	:-	r		d	:-	m		m	:-		m	:-	r		d	:-		t,	:-	:-	d		d	:-		-	}

Nach truagh leat mi 's mi'm prìos - an, Mo Mhail - i bheag òg!

{	s		d'	:-	:-	d'		r'	:-	d'		t	:-		l	:-	s		l	:-	:-	t		l	:-	:-	s		s	:-		-	}
{	m		m	:-	:-	m		f	:-	fe		s	:-		f	:-	m		f	:-	:-	s		f	:-	:-	m		m	:-		-	}

Do chàird - ean a' cur binn orm, Mo chuid de'n t-saoghal, thu;

{	m		r	:-	:-	m		s	:-	l		d'	:-		r'	:-	:-	d'		d'	:-	:-	t		l	:-	:-	s		s	:-		l	}
{	d		t,	:-	:-	d		m	:-	f		m	:-		f	:-	:-	m		m	:-	:-	s		f	:-	:-	m		m	:-		f	}

A bhean nam maladh mln - e 'S nam pòg - an mar na flog - uis,

{	t		d'	:-	:-	t		l	:-	s		d'	:-		s	:-	:-	f		m	:-		r	:-	:-	d		d	:-		-					
{	s	:-	f		m	:-	:-	r		d	:-	t,		d	:-	:-	r		m	:-	:-	r		d	:-		t,	:-	:-	d		d	:-		-	

Is tu nach fhàgadh shìos mi Le mi - rùn do bheòil.

2 Di-dòmhaich anns a' ghleann duinn,

Mo Mhaili bheag òg,

Nuair thòisich mi ri cainnt riut,

Mo chuid de'n t-saoghal mhòr;

Nuair dh'fhosgail mi mo shùilean,

'S a sheall mi air mo chùlaibh,

Bha marcaibh' an eich chrùthaich

Tigh'nn dlùth air mo thòir.

3 Is mise bh' air mo bhuaireadh,

Mo Mhaili bheag òg,

Nuair thainig sluagh mu 'n cuairt duinn,

Mo ribhinn ghlan ùr;

Is truagh nach anns an uair sin

A thuit mo làmh o'm ghualainn,

Mu'n d'amais mi do bhualadh,

Mo Mhaili bheag òg.

4 Gur bòidhche leam a dh'fhàs thu,

Mo Mhaili bheag òg,

Na'n lili anns an fhàsach,

Mo cheud ghràdh 's mo rùn;

Mar aiteal caoin na gréine

Am maduinn chiùin ag éirigh,

B'e'sud do dhreach is t'eugais,

Mo Mhaili bheag òg.

5 Is truagh a rinn do chàirdean,

Mo Mhaili bheag òg,

Nuair thoirmsig iad do ghràdh dhomh,

Mo chuid de'n t-saoghal thu;

Na'n tugadh iad do làmh dhomh,

Cha bhithinn anns an àm so

Fo bhinn air son mo ghràidh dhuit,

Mo Mhaili bheag òg.

2 COTHAICHIBH! COTHAICHIBH!

GLEUS C. SEISD.				LE IAIN CAIMBEUL.							
{ s	s	: m	: s	s	: -	:	s	: d' . d'	s	: d' . d'	}
{ m	m	: d	: m	m	: -	:	m	: m . m	m	: m . m	}
A	mhuinntir	mo	ghaoil,				Cothaichibh!			Cothaichibh!	

{ :	s	: m	: d	s	: -	: -	r	: r	: m	d	: -	
{ :	m	: d	: d	m	: -	: -	t ₁	: t ₁	: t ₁	d	: -	
	Mhuinntir	mo	ghaoil,				Cumaibh	a	suas.			

RANN.												
{ s	s	: m	: s	s	: d'	: d'	l	: f	: l	l	: s	}
{ m	m	: d	: m	m	: m	: m	f	: f	: f	f	: m	}
Ged	bhios	sibh	'gar	sàr	- ach	'S an	- dòchas	'gar	bàthadh,			

{ m	m	: r	: d	d	: t ₁	: d	r	: m	: fe	s	: -	}
{ d	d	: t ₁	: d	l ₁	: s ₁	: d	t ₁	: d	: l ₁	t ₁	: -	}
Na	géillibh	gu	bràth	dha	Is	gheibh	sibh	a'	bhuaidh.			

{ s	s	: d'	: d'	l	: f	: l	l	: d'	: l	s	: m	}
{ m	m	: m	: m	f	: f	: f	f	: m	: f	m	: d	}
Ged	bhios	sibh	'gar	sàrach,	'S an	- dòchas	'gar	bàthadh,				

{ r	r	: d	: r	m	: ŝ	: d'	r'	: r'	: m'	d'	: -	
{ t ₁	t ₁	: d	: t ₁	d	: m	: m	f	: f	: s	m	: -	
Na	géillibh	gu	bràth	dha	Is	gheibh	sibh	a'	bhuaidh.			

2 Ged bhitheas an saoghal
 'Gad thionndadh 's 'gad aomadh,
 'S tu bitheanta saoilinn
 Gu'm feum thu bhi nuas,
 Na cuireadh sud sgàth ort,
 Do'n smuain thoir a' bhàirlan,
 Is seas is bi làidir,
 Is gheibh thu a' bhuaidh.
 A' mhuinntir etc.

3 Ma's cùram an t-saoghail,
 No eagal roimh dhaoine,
 No smuaintean air faoineas
 A chuir thu fo ghruaim,
 Bi fearail, bi stuama,
 Is seas ris a' chruadal,
 'S bheir freasdal mu'n cuairt e
 Gu'm faigh thu a' bhuaidh.
 A' mhuinntir etc.

4 Biodh onoir is ceartas
 A' cumail do neirt riut,
 Is dòchas neo-mheata
 'San làmh a ta shuas,
 Le creideamh neo-sgàthach
 'Na fhocal nach fàilnich;
 'S gu'n toir e gach là thu
 Troimh 'n fhàsach le buaidh.
 A' mhuinntir etc.

GLEUS A. SEISD.

LE DONNACHADH BÀN.

$$\left\{ \begin{array}{l} d \text{ ,, } l_1 : l_1 \text{ ,, } s_1 \quad | \quad m \text{ ,, } r : m \text{ ,, } s_1 \quad | \quad s_1 \text{ ,, } s_1 : l_1 \text{ ,, } t_1 \quad | \quad l_1 : l_1 \\ m_1 \text{ ,, } f_1 : f_1 \text{ ,, } m_1 \quad | \quad s_1 \text{ ,, } s_1 : s_1 \text{ ,, } m_1 \quad | \quad m_1 \text{ ,, } m_1 : f_1 \text{ ,, } r_1 \quad | \quad d_1 : d_1 \end{array} \right\}$$

Hóro mo chuid chuideachd thu, Gur mul - ad - ach leam uam thu;

$$\left\{ \begin{array}{l} r \text{ ,, } d : l_1 \text{ ,, } s_1 \quad | \quad m \text{ ,, } r : m \text{ ,, } s \quad | \quad l \text{ ,, } l : s \text{ ,, } l \quad | \quad m \text{ ,, } m : m \text{ ,, } r \\ f_1 \text{ ,, } m_1 : f_1 \text{ ,, } m_1 \quad | \quad s_1 \text{ ,, } s_1 : s_1 \text{ ,, } m \quad | \quad f \text{ ,, } f : m \text{ ,, } f \quad | \quad d \text{ ,, } d : d \text{ ,, } t_1 \end{array} \right\}$$

Hóro mo chuid chuideachd thu, 'S mi d'eadh bheann is uchdannan, Gu'm

FINE.

$$\left\{ \begin{array}{l} d \text{ ,, } d : d \text{ ,, } s \quad | \quad m \text{ ,, } m : m \text{ ,, } r \quad | \quad d \text{ ,, } l_1 : t_1 \text{ ,, } s_1 \quad | \quad l_1 : l_1 \text{ ,, } \\ d \text{ ,, } d : d \text{ ,, } t_1 \quad | \quad d \text{ ,, } d : d \text{ ,, } f_1 \quad | \quad m_1 \text{ ,, } f_1 : f_1 \text{ ,, } m_1 \quad | \quad d_1 : d_1 \text{ ,, } \end{array} \right\}$$

B'ait leam thu bhi cuide rium, 'S do chudtrom air mo ghual - ainn.

RANN.

$$\left\{ \begin{array}{l} r \quad | \quad d \text{ ,, } d : l_1 \text{ ,, } s_1 \quad | \quad m \text{ ,, } m : m \text{ ,, } s \quad | \quad l \text{ ,, } l : s \text{ ,, } l \quad | \quad m \text{ ,, } m : m \text{ ,, } r \\ f_1 \quad | \quad m_1 \text{ ,, } m_1 : f_1 \text{ ,, } m_1 \quad | \quad s_1 \text{ ,, } s_1 : s_1 \text{ ,, } m \quad | \quad f \text{ ,, } f : m \text{ ,, } f \quad | \quad d \text{ ,, } d : d \text{ ,, } f_1 \end{array} \right\}$$

Nuair chaidh mi do Ghleann Lòch - aith 'S a cheannaich mi Nic - Còis - eam, Is

D.C.

$$\left\{ \begin{array}{l} d \text{ ,, } t_1 : d \text{ ,, } s \quad | \quad m \text{ ,, } m : m \text{ ,, } r \quad | \quad d \text{ ,, } l_1 : t_1 \text{ ,, } s_1 \quad | \quad l_1 : l_1 \\ m_1 \text{ ,, } s_1 : l_1 \text{ ,, } t_1 \quad | \quad d \text{ ,, } d : d \text{ ,, } f_1 \quad | \quad m_1 \text{ ,, } f_1 : f_1 \text{ ,, } m_1 \quad | \quad d_1 : d_1 \end{array} \right\}$$

mise nach robh gòr - ach Nuair chuir mi 'n t-òr g'a fuasgladh.

2 Thug mi 'Choire-cheathaich thu
Nuair bha mi féin a' tathaich ann;
Is tric a chuir mi laidhe leat
Na daimh 's na h-aighean ruadha.
Hóro, etc.

3 Thug mi thu 'Bheinn-dòbhrain
An cinneadh na daimh chròcach;
Nuair theannadh iad ri crònan,
Bu bhòidheach leam an nuallan.
Hóro, etc.

4 Ghiùlain mi 'Ghleann-éite thu;
Is thog mi ris na Créisean thu;
'S a mheud 's a thug mi spéis duit,
'S e dh'fhàg mo cheum cho luaineach.
Hóro, etc.

5 Thug mi 'Làraig-ghartain thu,
O 's àluinn an coir'-altruim i,
'S na féidh a' deanamh leabaichean
Air creachann ghlas a' Bhuachaill'.
Hóro, etc.

6 Thug mi 'Bheinn-a'-chaorach thu,
A shireadh bhoc is mhaoiseach;
'S cha b'eagal gun am faotainn,
'S iad daonnan 'san Torr-uaine.
Hóro, etc.

7 Nuair théid mi ris a' mhunadh,
'S tu mo roghainn de na gunnachan;
O'n fhuair thu féin an t-urran sin,
Co nis a chumas uat mi?
Hóro, etc.

4 O, GUR MIS' THA SONA DHETH.

GLEUS C.	SEISD.	LE IAIN CAIMBEUL.									
{ (1)	d' :- :l	t :- :l	l :- :s	m :-	}	{ (1)	l :- :l	se :- :l	f :- :m	d :-	}
	O, gur mis' tha son - a dheth,										
{ f: m	d' :- :d'	r' :- :r'	m' :- :r'	m' :-	}	{ d: d	m :- :m	f :- :f	s :- :-	s :-	}
'S mi toil - ich - te is taing - - eil;											
{ f: r'	d' :- :l	t :- :l	l :- :s :m	r :- :d	}	{ f: f	m :- :l	se :- :l	f :- :m :d	t, :- :d	}
Is ged a tha mo spor - an gann,											
{ f: r	m :- :m	m :- :s	l :- :-	l :-		{ t,	d :- :d	d :- :m	m :- :-	m :-	
Is suar - ach leam 'san àm e.											

1 An là a thàinig mi do'n t-saoghal,
Thàinig mi glé lom ann;
'S an là a their am bàs rium 'fhàgail,
Fàgaidh mi gun phlang e.
O, gur etc.

2 Ma gheibh mi aodach agus biadh,
Is a bhi saor o ainfhiaich,
Bidh aoibh is gràdh gach oidheche's là
'Am dhachaidh taobh mo ghealbhain.
O, gur etc.

3 Cha'n e cuid no cuibhrionn dhaoin',
Is cha'n e òr no airgid,
Abheirdhuinn sonasanns an t-saoghal:
Tha sin 'na aon ni dearbhlite.
O, gur etc.

4 Ach a bhi toilichte le 'r staid,
Gun mhath neach eil' a dhearmad;
Is anns an Tì 'bheir dhuinn gach ni
Ar crìdh' gach là 'bhi 'g earbsadh.
O, gur etc.

5 HÉ 'N CLÒ-DUBH.

GLEUS F.	SEISD.	LE MAC MHAIGHSTIR ALASDAIR.									
{ d	: d, m. -	l ₁	: s ₁ ,, l ₁	d	: d, l. -	s	., f : m, r. -	}			
{ m ₁	: m ₁ , s ₁ -	f ₁	: m ₁ ,, f ₁	m ₁	: d, f. -	m	., r : d, t ₁ -	}			
Hé'n clò-dubh, hó'n clò-dubh, Hé'n clò-dubh!									B'fhèarr am breacan;		
										FINE.	
{ d	: d, m. -	l ₁	: s ₁ ,, l ₁	d	: l ,, s	s	., m : r, d. -				
{ m ₁	: m ₁ , s ₁ -	f ₁	: m ₁ ,, f ₁	d	: f ,, m	m	., d : t ₁ , d. -				
Hé'n clò-dubh, hó'n clò-dubh, Hé'n clò-dubh!									B'fhèarr am breacan.		
										RANN.	
{ (s)	s ,, fe : s ,, l	d	: m ,, f	s	: m, s. -	d'	., t : l, s. -	}			
{ (m)	m ,, re : m ,, f	d	: d ,, r	m	: d, m. -	m	., r : d, t ₁ -	}			
B'fhèarr leam breacan uall - ach Mu'm ghuailnean 's ga chur fo m' achlais,										D.C.	
{ s	., l : s ,, m	r	: r ,, m	d	: d, l. -	s	., m : r, d. -				
{ m	., f : m ,, d	t ₁	: t ₁ ,, d	d	: d, d. -	m	., d : t ₁ , d. -				
Na ged gheibhinn còt - a De'n chlà 's fearr a thig á Sasunn.											

Is math gu sealg an fhéidh thu,
 'N àm éirigh do 'n ghréin air
 creachann;
 Dh' fhalbhainn leat gu lòghar,
 Di-dòmhaich a' dol do 'n chlachan.
 Hé 'n clò-dubh, etc.

3 Shiùbhlainn leat a phòsadh,
 'S bhàrr feòirnein cha fhroisinn dealta;
 Siod an t-suanach bhòidheach,
 An òg-bhean bu mhòr a tlachd dhi.
 Hé 'n clò-dubh, etc.

4 Air t'uachdar gur a sgiabhach
 A laidheadb an sgiath chruinn
 bhreacte;
 'S claidheamh air chrìos ciatach
 Air fhiaradh os cionn do phleatan.
 Hé 'n clò-dubh, etc.

5 Is math an là 's an oidhch' thu;
 Tha loinn ort am beinn 's an cladae
 'S math am feachd 's an sìth thu;
 Cha rìgh am fear a chuir as duit.
 Hé 'n clò-dubh, etc.

6 CAIDIL GU LÒ.

GLEUS C. SEISD.

{	s	:m	:d		d'	: - .r'	:m'		s	:l	:f		m	: -	: -	}
{	s	:m	:d		m	: - .f	:s		m	:f	:r		d	: -	: -	}
	O	ho	ro		l		ri ri,		Caid	- il	gu		lò;			

FINE.

{	s	:m	:d		d'	: - .r'	:m'		s	:m	:r		d	: -		
{	s	:m	:d		m	: - .f	:s		m	:d	:t ₁		d	: -		
	O	ho	ro		l		ri ri,		Caid	- il	gu		lò.			

RANN.

{	d' .r'	m'	:d'	:r'		d'	:m	:f .f		s	:l	:ta		l	:s	}
{	m .f	s	:l	:t		d'	:m	:f .f		s	:f	:r .m		f	:m	}
1	'S e	m' eudail	an	cùrtear		Dheanadh	mir'	agus	sùgradh;							
2	'S e	m' eudail	am	fleasgach		Ghabh	air falbh	air	an fleasgar;							

D.C.

{	d' .r'	m'	:d'	:r'		d'	:s	:l		s	:f	:m		r	: -	: -	
{	m .f	s	:l	:t		d'	:m	:f		m	:r	:d		t ₁	: -	: -	
	'S e	m' eudail	an	cùirt - ear		D' an	dùr - aig - inn	pòg.									
	O,	tha	mi	fo	bhreis - lich	Ma	sheas - as	an	ced.								

3 Dol a null air an fhadhail,
 Gu 'n deanainn mo roghainn;
 Bhiodh càch air a dheaghaidh,
 'S mo roghainn air tòs.
 O ho ro, etc.

4 Dol a null thar an làraig
 Gu cogadh 'sna blàraibh,
 An armait Phrionns Tearlaich,
 'S e dh' fhàg mi fo bhròn.
 O ho ro, etc.

5 Le 'bhoineid, 's le 'bhreacan,
 Le 'osain, 's le 'ghartain;
 Tha e maiseach 'na phearsa,
 Is gaisgil 'na dhòigh.
 O ho ro, etc.

6 A Dhé tha 'sna h-àrdaibh,
 Bi caoimhneil ri m' ghràdh-sa;
 Cuir an eucoir gu nàire
 Is àrdaich a' chòir.
 O ho ro, etc.

GLEUS C.

LE CALUM MAC PHÀRLAIN.

Le dithis.

{	d ^l	:	t		l	:	s . m		d ^l	:	d ^l . r ^l		m ^l . r ^l	:	d ^l	}
{	m	:	s		f	:	m . d		m	:	m . f		s . f	:	m	}
Hó	ro,	Ghaidh	- eil,	tha 'n	t-àm	a'	teannadh	oirnn								

{	d ^l . t	:	l . s		d ^l	:	m		s	:	l . t		d ^l . t	:	l	
{	m . s	:	f . m		m	:	d		m	:	l . se		l . se	:	l	
Nuair	bhios	grian	na	saor	- sa	'dealrachadh:										

Leis a' chuidcachd.

{	s	:	m . r		d	:	-		m	:	s . l		s	:	f . m		s	:	l . t		d ^l	:	-	
{	m	:	d . t		d	:	-		d	:	m . f		m	:	r . d		m	:	f . f		m	:	-	
Boch	oirinn	O!		Boch	oirinn,	oir	- iun,	boch	oirinn	O!														

2 Grian bhuidhe bhòidheach na saorsa 'dealrachadh
Feadh nan gleann, nam beann 's nam bealaichean;

3 Dàsghadh misnich is sùird mu 'r tealaichean;
Fuadach ainneirt, sannt is ainniseachd;

4 Leigheas thruaghan bochd tha fannachadh
Fo chruaidh dhaors', a cuing 's a ceanglaichean,

5 Is laghan fiar rinn tighearnan fearainn duinn
Nuair bha ùghdarras is ceannas ac'.

6 Sùil a mach, ma ta, 's bithibh faireachail;
Gun mhi-rùn no tnùth 'gar dealachadh;

7 Cumaibh suas ur meas air fearaghleus;
Bithibh dìleas, dalma, leanailteach;

8 Leas nan Gaidheal a ghnàth fo 'r n-aire-sa
Anns gach cùis is càs 'san cathaich sibh;

9 Chum, le foill, ur còir, nach caillear i;
Chum, le brosgul faoin, nach meallar sibh.

10 Hó ro, suas i! 'chathghairm aigeantach:
"Buaidh do 'n chòir is bàs do 'n ana-ceart."

8 TÌR MO GHRÀIDH.

GLEUS Bb.

LE CALUM MAC PHÀRLAIN.

$\left\{ \begin{array}{l} \text{.s}_1 \mid \text{m} : \text{m} \mid \text{m} : -\text{m} \mid \text{r.r} : \text{d.d} \mid \text{s}_1 : -\text{l}_1 \mid \text{l}_1 : \text{s}_1 \mid \text{l}_1 : \text{d} \mid \text{m.m} : \text{r.d} \mid \text{r} : - \end{array} \right\}$
 $\left\{ \begin{array}{l} \text{.m}_1 \mid \text{s}_1 : \text{s}_1 \mid \text{s}_1 : -\text{s}_1 \mid \text{f}_1.\text{f}_1 : \text{m}_1.\text{m}_1 \mid \text{s}_1 : -\text{f}_1 \mid \text{f}_1 : \text{m}_1 \mid \text{f}_1 : \text{l}_1 \mid \text{d.d} : \text{t}_1.\text{l}_1 \mid \text{t}_1 : - \end{array} \right\}$
 'S i tìr mo ghràidh an tìr a tha mu thuath, A beanntan àrd 's a gleanntau àillidh uain,

$\left\{ \begin{array}{l} \text{.s}_1 \mid \text{m} : \text{m} \mid \text{m} : -\text{m} \mid \text{r.r} : \text{d.d} \mid \text{s}_1 : -\text{f}_1 \mid \text{m}_1 : \text{s}_1 \mid \text{l}_1 : -\text{s}_1 \mid \text{s}_1 : - \mid - : \end{array} \right\}$
 $\left\{ \begin{array}{l} \text{.m}_1 \mid \text{s}_1 : \text{s}_1 \mid \text{s}_1 : -\text{s}_1 \mid \text{f}_1.\text{f}_1 : \text{m}_1.\text{m}_1 \mid \text{s}_1 : -\text{t}_2 \mid \text{d}_1 : \text{m}_1 \mid \text{f}_1 : -\text{m}_1 \mid \text{m}_1 : - \mid - : \end{array} \right\}$
 A sruthan cas a' ruith gu bras gu cuan Le fuaim nan iomadh steall.

$\left\{ \begin{array}{l} \text{.r} \mid \text{r} : \text{r} \mid \text{r} : \text{f} \mid \text{m.r} : \text{d.r} \mid \text{m} : -\text{r} \mid \text{d} : \text{d} \mid \text{l}_1 : -\text{d} \mid \text{r.m} : \text{r.d} \mid \text{r} : - \end{array} \right\}$
 $\left\{ \begin{array}{l} \text{.t}_1 \mid \text{t}_1 : \text{t}_1 \mid \text{t}_1 : \text{r} \mid \text{d.t}_1 : \text{l}_1.\text{t}_1 \mid \text{d} : -\text{f}_1 \mid \text{m}_1 : \text{m}_1 \mid \text{f}_1 : -\text{m}_1 \mid \text{f}_1.\text{s}_1 : \text{t}_1.\text{d} \mid \text{t}_1 : - \end{array} \right\}$
 'Nam òige dh'fhoghlain mi mo ghaol do 'n tìr Nuair bha mi 'm ghiulan siubhal cluain is frith;

$\left\{ \begin{array}{l} \text{.m} \mid \text{f} : \text{f} \mid \text{s} : -\text{f} \mid \text{m.m} : \text{r.m} \mid \text{s}_1 : -\text{f}_1 \mid \text{m}_1 : \text{s}_1 \mid \text{l}_1 : -\text{s}_1 \mid \text{s}_1 : - \mid - : \end{array} \right\}$
 $\left\{ \begin{array}{l} \text{.d} \mid \text{l}_1 : \text{l}_1 \mid \text{t}_1 : -\text{t}_1 \mid \text{d.s}_1 : \text{f}_1.\text{s}_1 \mid \text{s}_1 : -\text{t}_2 \mid \text{d}_1 : \text{m}_1 \mid \text{f}_1 : -\text{m}_1 \mid \text{m}_1 : - \mid - : \end{array} \right\}$
 'S tric shìl mo dheòir 's a dh'at gun deòin mo chrìdh Aig Iòirsinn lith nam meall.

2 D'a còrsa garbh tha bèarnach, creagach, liath,
 Thig gaoth thar sàil le gair o 'n àirde-'n-iar,
 A' giùlan blàths is slàinte air a sgiath
 'S glan fhiamh do shìol nani beann.
 Tha 'm fraoch gu bòidheach còmhdach sléibh is cruaidh;
 Fìor shamhladh è 'na ghnè do 'n dream mu thuath;
 So-lùbach, tlàth; ach làidir, rìghinn, cruaidh,
 'S cho buan ri luibh a th' ann.

3 An soillse 's gruaim tha tuar air tìr mo spéis,
 Gun choimeas, grinn, nach cinn air dùthaich chéin;
 Mar shùilean blàth mo ghràidh, fo dhèarrsadh gréin',
 Mar ghnùis ùr thréin, fo ghreann.
 Tog ort, a gheambraidh chrannaidh, thar a' chuain;
 Teann thusa nall, a shamhradh, 's ruaig e bluainn;
 Tha miann mo chrìdh' air sgrìob a thoirt gu tuath,
 Gu luath, an còir nan gleann.

4 Cha 'n e Ceann-tìr, no Ile gorm an fheòir,
 Druim-Albann àrd, Ceann-tàil, no 'n t-Eilcan Leòbhas;
 Cha ghleann, cha chrìoch, cha sgìre bheag no mhòr
 Mu'm bheil mo cheòl 's mo rann;
 Ach Tìr nan treun, gu léir, o dheas gu tuath;
 Gu 'm mair ar dilse dhì-se daingeann, buan;
 Gu 'n seas sinn dlùth a chum a cliù chur suas
 Is buaidh dhi anns gach àm.

9 AN GLEANN 'SAN ROBH MI ÒG.

GLEUS G. RANN.

LE NIALL MAC LEÒID.

{ .n, r | d ., t₁ : d ., r | m ., m : m ., r | d ., t₁ : d ., l₁ | s₁ : - . }
 { .s₁, f₁ | m₁ ., f₁ : m₁ ., f₁ | s₁ ., s₁ : s₁ ., f₁ | m₁ ., f₁ : m₁ ., f₁ | m₁ : - . }
 Nuair a philleas ruinn an samhradh, Bidh gach doire 's crann fo chròic;

{ .l₁ | l₁ ., s₁ : l₁ ., t₁ | l₁ ., s₁ : s₁ ., l₁ | d ., d : r ., r | m : - . }
 { .f₁ | f₁ ., m₁ : f₁ ., s₁ | f₁ ., m₁ : m₁ ., f₁ | m₁ ., d : t₁ ., t₁ | d : - . }
 Na h-èoin air bhàrr nam meanglan Deanamh caithreim bhinn le 'n ceòl;

{ .m, r | d ., t₁ : d ., r | m : m ., f | s ., s : l ., l | r : - . }
 { .s, f | m₁ ., f₁ : m₁ ., f₁ | s₁ : d ., r | m ., m : d ., d | t₁ : - . }
 A' chlann bheag 'ruith le fonn Mu gach tom a' buain uan ròs:

{ .s, f | m ., r : d ., l₁ | s₁ ., l₁ : d ., r | m ., d : r ., r | d : - . }
 { .m, r | d ., s₁ : m₁ ., f₁ | m₁ ., f₁ : m₁ ., f₁ | s₁ ., l₁ : f₁ ., f₁ | m₁ : - . }
 B'eomhbiann a bhì 'san àm sin Anns a' ghleann 'san robh mi òg.

SEISD.

{ .d, r | m ., m : r ., r | m : - . m, f | s ., s : l ., l | r : - . }
 { .m, f₁ | s₁ ., s₁ : t₁ ., t₁ | d : - . d, r | m ., m : d ., d | t₁ : - . }
 Anns a' ghleann 'san robh mi òg, Anns a' ghleann 'san robh mi òg,

{ .s, f | m ., r : d ., l₁ | s₁ ., l₁ : d ., r | m ., d : r ., r | d : - . }
 { .m, r | d ., s₁ : m₁ ., f₁ | m₁ ., f₁ : m₁ ., f₁ | s₁ ., l₁ : f₁ ., f₁ | m₁ : - . }
 B'eomhbiann a' bhì 'san àm sin Anns a' ghleann 'san robh mi òg.

2 'Sa mhaduinn 'n àm dhuinn dùsgadh,
 Bhiodh an driùchd air bhàrr an fheòir;

A' chuthag, is gug-gùg aice,
 An doire dlùth nan còd;
 Na laoi gh òga 'leum le sunnd
 'S a' cur smùid air feadh nan lòn;
 Ach cha 'n fhaicear sin 'san àm so
 Anns a' ghleann 'san robh mi òg.
 Anns a' ghleann, etc.

3 'N àm an cruinneachadh do'n bhuailidh
 B' e mo luaidh a bhì 'nan còir;
 Bhiodh a duanag aig gach guanaig,
 Agus cuach aice 'na dòrn;
 Bhiodh Mac-talla freagairt shuas,
 E ri aithris fuaim a beòil;
 Ach cha chluinnear sin 'san àm so
 Anns a' ghleann 'san robh mi òg.
 Anns a' ghleann, etc.

4 An dùbhlachd ghairbh a' gheamhraidh
 Cha b'e àm bu ghainn' ar spòrs;
 Greis air sùgradh, greis air dannsadh,
 Greis air canntaireachd is ceòl;
 Bhiodh gach seanair aosmhor, liath
 'G innseadh sgiallachdan gun ghò
 Airgach gaisgeach fearail, greannuohr
 Bha 'sa ghleann nuair bha iad òg.
 Anns a' ghleann, etc.

5 Tha na fàrdaichean 'nam fàsach
 Far an d' àraicheadh na seòid,
 Far am bu chridheil fuaim an gàire,
 Far am bu chàirdeil iad mu 'n bhòrd,
 Far am faigheadh coigreach bàigh,
 Agus ànrach bochd a lòn;
 Ach cha 'n fhaigh iad sin 'san àm so
 Anns a' ghleann 'san robh mi òg.
 Anns a' ghleann, etc.

6 Chaochail maduinn ait ar n-òige
 Mar an ceò air bhàrr nam beann ;
 Tha ar càirdean 's ar luchd eòlais
 Air am fògradh bhòis is thall ;
 Tha cuid eile dhiubh nach gluais,
 Tha 'nan cadal buan fo 'n fhòd,
 Bha gun uaill, gun fhuath, gun
 anntlachd
 Anns a' ghleann 'san robh iad òg.
 Anns a' ghleann, etc.

7 Mo shoraidh leis gach cuairteig,
 Leis gach bruachaig agus còs
 Mu 'n robh mi tric ag cluaineis
 'N àm bhi buachailleachd nam bò ;
 Nuair a thig mo réis gu ceann
 Agus feasgar fann mo lò,
 B' e mo mhiann a bhi 'san àm sin
 Anns a' ghleann 'san robh mi òg.
 Anns a' ghleann, etc.

10

ÒIGH MO RÙIN.

GLEUS A b. SEISD.

LE CALUM MAC PHÀRLAIN.

{ .s₁ | s₁ · -l₁ : s₁ | d : - : d | r : - .m : r | s : - : s | m : r : m | l₁ : - : l₁ | s₁ : - : - | - : - : - }
 { .m₁ | m₁ : - .f₁ : m₁ | l₁ : - : l₁ | s₁ : - .s₁ : s₁ | t₁ : - : t₁ | d : s₁ : s₁ | f₁ : - : f₁ | m₁ : - : - | - : - : - }

An Eilean a' cheò, Fo sgàil nam beann mòr, Tha tuineachas òigh mo rùin.

FINE.

{ s₁ : - .l₁ : s₁ | d : - : d | r : - .m : r | s : - : s | m : r : m | l₁ : - : l₁ | s₁ : - : - | - : - : - }
 { m₁ : - .f₁ : m₁ | l₁ : - : l₁ | s₁ : - .s₁ : s₁ | t₁ : - : t₁ | d : s₁ : s₁ | f₁ : - : f₁ | m₁ : - : - | - : - : - }

Séid, a ghaoth luath, 'Gam ghiùlan gu tuath, Air bharraibh nan stuadh a uunn.

RANN.

{ (.m) | m : d : m | m : - : m | r : l₁ : r | r : - : - .r }
 { Bha | m' aigne gu fann Air | talamh nan Gall, Gun }

{ d : l₁ : d | d : - : d | l₁ : - : - | - : - : (.m) | m : d : m | m : - : m }
 { ise bhl ann fo 'm | shùil, Caomhag nam beus D' an }

D.C.

{ r : l₁ : r | r : - : - .r | d : l₁ : d | d : - : d | l₁ : - : - | - : - : - }
 { d'thug mi mòr spéis : Co | gheal ris a' ghréin a | cliù. }

2 Bruadar an raoir—
 Mì 'laidhe 'san fhraoch,
 'Nam aonar aig taobh a' chhìrn,
 A' feitheamh mo ghràidh,
 'S i 'tighinn 'nam dhàil—
 'S e neartaich mo chàil as ùr.

3 Na 'n robh mi mar eun,
 Gu 'n siùbhlainn troimh 'n speur
 Air sgiathaibh bu déine lùgh,
 Gun mhoille, gun tàmh ;
 'S 'n uair ruiginn a làth'r,
 Gu 'n fillinn mo ghràdh rium
 dlùth.

4 Na 'm faighinn mo mhiann,
 Gu 'm bithinn 'nam thriath,
 'S gu 'n togainn air sliabh mo dhùn ;
 Gu 'n riaghlainn ri m' bhed
 An Eilean a' cheò ;
 'S 'gam chòmhnadh bhiodh òigh mo
 rùin.

5 Gu 'n trusainn an sluagh
 Do 'n fhearann mu 'n cuairt,
 'S gu 'm fògrainn gach uaill o 'n ùir ;
 'S gu 'm fàgainn do m' ghràdh
 Bhì leigheas gach cràidh
 Le solus caomh, blàth a gnàis.

11 MO ROGHAINN A' GHÀIDHLIG.

GLEUS A.

LE CALUM MAC PHÀRLAIN.

mf Le aonar

p Leis a' chuideachd.

{	<u>d . r</u>		m	:	s ₁	:	l ₁	:	s ₁	:-	:	m ₁		s ₁	:	l ₁	:	d		s ₁	:-	}	
{	Faill		ith	-	ill		ho		ró;				{	Faill		ith	-	ill		ho		ró;	}

mf Le aonar.

p Leis a' chuideachd.

{	s ₁		l ₁	:-	s ₁	:	<u>l₁ . t₁</u>		d	:	d	:	<u>d . ta₁</u>		l ₁	:	s ₁	:	ta ₁		l ₁	:	s ₁	}
{	Mo		rogh	-	ainn		a'		Ghàidhlig;				{	Mo		roghainn		a'		Ghàidhlig;			}	

mf Le aonar.

p Leis a' chuideachd.

{	m ₁		s ₁	:	l ₁	:	d		s ₁	:-	:	m ₁		s ₁	:	l ₁	:	d		s ₁	:-	
{	Faill		ith	-	ill		ho		ró;			{	Faill		ith	-	ill		ho		ró.	

Le dìthis.

{	<u>r . m</u>		f	:	r	:	<u>m . f</u>		s	:	s	:	<u>s . f</u>		m	:	d	:	r		d	:	l ₁	}
{	s ₁		l ₁	:	t ₁	:	<u>d . r</u>		m	:	d	:	t ₁		d	:	l ₁	:	<u>s₁ . f₁</u>		m ₁	:	f ₁	}
'S	i		'chàn	-	ain		is		binn	-	e		Air		uachdar		a'		chruinne					

{	s ₁		f	:	m	:	f		s	:	s	:	<u>s . l</u>		s	:-	<u>f . m . r</u>		r	:	d	}
{	m ₁		<u>l₁ . t₁</u>	:	d	:	r		m	:	d	:	<u>m . f</u>		m	:-	<u>r . d . t₁</u>		t ₁	:	d	}
Gu		òr	-	an		a		ghabhail,				Gu		òr	-	aid		a		labhairt;		

Leis a' chuideachd.

rall.

{	r . m		f	:	s ₁	:	l ₁		s ₁	:-	:	r . m		f	:	s ₁	:	<u>l₁ . t₁</u>		d	:-	
{	t ₁ . t ₁		l ₁	:	s ₁	:	f ₁		<u>f₁ . m₁</u>	:	f ₁ . s ₁		l ₁	:	s ₁	:	f ₁		m ₁	:-		
'S	gu'n	robh	àdh	air		na		sèoid				Leis	an	àill		i		bhi		bed.		

2 'S i cànan na céille,
'S i cànan na féile,
'S i 'chànain is blàithe
Air bìlean na màthar.

3 Cha robh riamh air an t-saoghal
Dream cho déigheil air saorsa
Ris na curaidhean dàna
Ghlaodhadh còmhrag 'sa Ghàidhlig.

4 O linn Eubha 'sa ghàradh
Cha robh òigh ann cho gràdhach
Ri finne nam blàth-shul
Dheanadh mànrán 'sa Ghàidhlig.

5 Ge luachmhor an dileab
Dh' fhàg Solamh an rìgh dhuinn,
Tha gliocas is àirde
An seanchas na Gàidhlig.

6 Théid an uiseag 's an smeòrach
Gu gogail 's gu ròcail
Mu 'n caill mi mo chàil do
Na h-òrain bhinn Ghàidhlig.

7 Gun oilean, gun nàire
Luchd-dearmad an cànan;
Flor uasal na sàir ud
Tha dileas do 'n Ghàidhlig.

12 THÉID I 'S GU 'N TÉID I LEAM.

GLEUS A.

SEISD.

LE UILLEAM MAC COINNICH.

{	d	: m ₁ . s ₁		l ₁ . s ₁ : s ₁		m	: r . m		s	., f : m, r . -		d	: m ₁ . s ₁	}
{	d	: m ₁ . s ₁		f ₁ . m ₁ : m ₁		d	: t ₁ . d		m	., r : d, t ₁ . -		d	: m ₁ . s ₁	}

Théid i 's gu'n téid i leam; Leam - sa gu'n téid mo leannan; Théid i 's gu'n

FINE.

RANN.

D.C.

{	l ₁ . s ₁ : s ₁		m ₁ . f ₁ : s ₁ . s ₁		m	., i' : s	., l		s	., m : r	., t ₁		d	., r : m, r . -	
{	f ₁ . m ₁ : m ₁		:		:	:	:		:	:	:		:	:	

téid i leam. Chionn 's gu'm bheil gach gleann 'na fhàsach, Théid mi fhéin 's mo Mhàiri thairis.

2 Théid i leam a tìr nam fracbh bheann
O 'n tha daoine air dol a fasan.
Théid i, etc.

3 Seòlaidh sinn a tìr ar dùthchais,
'Cur ar cùlaibh ris na beannaibh.
Théid i, etc.

4 Théid i leam a null thar sàile,
Far an dean an Gaidheal beairteas.
Théid i, etc.

5 Ged a bhiodh gach là 'na shamhradh,
Choidhch' bidh tìr nam beann air m'
Théid i, etc. [aire.

6 Is mu 'n càirear anns an ùir sinn
'S e mo dhùrachd tilleadh dhachaidh.
Théid i, etc.

7 'S caidlidh sinn fo'n fhòid is anns leinn:
Tìr nam beann, nan gleann 's nan
Théid i, etc. [gaisgeach.

13 HÓ RO EILEANAICH.

GLEUS C.

{	m	., r	: d	., d		m	., f	: s		s	., m'	: r'	., d'		d'	., l	: s	}
{	d	., t ₁	: d	., d		d	., r	: m		m	., d'	: t	., d'		m	., f	: m	}

Seisd—
Hó ro Eil - ean - aich ho gù; Hó i rithill hó i ù;
Rann—
Chì mi thall ud an Aird-mhór, Ait' a' choilich dhuibh 's a' gheòidh,

{	m	., f	: s	., s		l	., t	: d'	., t		l	., s	: d'	., m		r	: d	}
{	d	., r	: m	., m		f	., s	: m	., r		d	., m	: m	., d		t ₁	: d	}

Hó ro Eil - ean - aich ho gù; Gu'm bheil mo rùn 'san Lann - aìdh.
Ait' mo chridhe is mo ghaoil, 'San robh mi aotrom meann - nach.

2 Ged tha 'n Lannaidh creagach, ciar,
'S moch a dh'éireas oirre 'ghrian;
Iunis nam ba-laoigh 's nam fiadh;
'S gu 'm b'e mo mhiann bhì thall ann.
Hó ro, etc.

3 Nuair a dh'éirinn moch 'san àird,
Bheirinn sgrìob do cheann an t-sàil;
Bhiodh na lachan air an t-snàmh,
'S cha b'fhad' am bàs o m' laimh-sa.
Hó ro, etc.

4 'S tric a leag mi air a' bhruaich
Earba ghlas a' mhuineil ruaidh;
Bhiodh an liath-chearc leam a nuas,
Is coileach ruadh an dranndain.
Hó ro, etc.

5 O! mo ghaol air Ile 'n fheadir,
Far an d' fhuair mi m' àrach òg;
Far am bheil na h-uaislean còir:
Bu toigh leo ceòl is daunsadh.
Hó ro, etc.

14 GU 'N D' FHALBH MO BHEAN CHOMUINN.

GLEUS Bb. *Air stéidh S6.*

RANN.

{	<u>S₁. l₁</u> t ₁ : t ₁ : r	t ₁ : l ₁ : t ₁ . r	m : l ₁ : t ₁	l ₁ : -
{	<u>S₁. S₁</u> s ₁ : s ₁ : t ₁	s ₁ : f ₁ : r ₁ . r ₁	s ₁ : f ₁ : s ₁	f ₁ : -

Thig bláth air a' ghiubhas Agus ùbblan air géig;

{	<u>t₁. r</u> m : r : t ₁ . S ₁	r ₁ : m ₁ : s ₁ . l ₁	t ₁ : r : l ₁	s ₁ : -
{	<u>S₁. S₁</u> s ₁ : t ₁ : s ₁	f ₁ : s ₁ : m ₁ . m ₁	r ₁ : f ₁ : f ₁	m ₁ : -

Cinnidh guc - ag air luachair, Ach cha ghluais mo bhean fhéin.

SEISD.

{	<u>r. m</u> s : s : m	r : s ₁ : r. m	s : s : m	r : -
{	<u>t₁</u> t ₁ : t ₁ : d	t ₁ : s ₁ : t ₁	t ₁ : t ₁ : d	t ₁ : -

Gu 'n d' fhalbh mo bhean chomuinn, Cha tig mo bhean ghaoil;

{	<u>r. s</u> t ₁ : r : s ₁	f ₁ : s ₁ : s ₁ . l ₁	t ₁ : r : l ₁	s ₁ : -
{	<u>s₁</u> s ₁ : f ₁ : m ₁	f ₁ : m ₁ : m ₁ . f ₁	r ₁ : f ₁ : f ₁	m ₁ : -

Cha till mo bhean chomuinn A clachan nan craobh.

- 2 Cha dìrich mi tulach ;
Cha siubhail mi frith ;
Cha 'n fhaigh mi lochd cadail,
'S mo thasgaidh 'sa chail.
Gu 'n d' fhalbh, etc.
- 3 Tha m' aodach air tolladh ;
Tha 'n olainn gun snlomh ;
Agu deagh bhean mo thighe
'Na laidhe fo dhìon.
Gu 'n d' fhalbh, etc.

- 4 Tha mo chrodh gun an leigeil ;
Tha 'n t-eadradh aig càch ;
Tha mo leanabh gun bheadradh,
'Na shuidh' air a' bhàr.
Gu 'n d' fhalbh, etc.
- 5 Tha m' fhàrdach-sa creachte ;
'S lom mo leac is gur fuar ;
'S ann tha m' ionmhas 's mo bheirteas
Fo na leacan 'na suain.
Gu 'n d' fhalbh, etc.

15 SGÌTH.

GLEUS Eb.

LE NIALL MAC LEÒID.

{	<u>s. f</u> m : m f : f	<u>s. f. m</u> m : l s : d	<u>m. r. d</u> s : - -
{	<u>m. r</u> d : d l ₁ : l ₁	t ₁ : d d : f m : d	<u>d. t. l₁</u> t ₁ : - -

Am bheil thu sgìth, mo bhrathair bho chd, Fo d' uallach dhraghail féin?

{	<u>f</u> <u>f. m. r</u> m : d	<u>l. t. d'</u> t : l s : d	m : r d : - -
{	<u>t</u> <u>r. d. t</u> d : d	f : m r : f m : d	d : t ₁ d : - -

Tha 'm bruthach trom 's do shaothair ghoirt A' lag - ach - adh do cheum;

{	<u>s</u> d' : d' t : <u>l. s</u>	l : s f : <u>m. f</u> s : d	<u>m. r. d</u> s : - -
{	<u>m</u> m : m m : f	f : m f : <u>d. r</u> m : d	<u>d. t. l₁</u> t ₁ : - -

Tha 'n dorhad - as a' tuiteam ort, 'S a' falach ceum do réis,

{	<u>s</u> d' : d' t : s	l : ta l : f s : d'	m : r d : - -
{	<u>m</u> m : m r : m	f : s f : r m : m	d : t ₁ d : - -

Is iomadh garbhach ag - us sloc Mu 'n ruig thu 'n còmhnard réidh.

2 Mar sheòladair air bhàrr nan stuadh,
 'S air iomairt feadh nan tonn;
 Na speuran iorghuilleach fo ghruaim,
 'S an doinionn air a bonn;
 Ach duineil, treun ri àm a' chruais,
 Ged tha na cuantan trom,
 Tha dòchas beò 'ga chumail suas,
 'S le buaidh gu 'n ruig e fonn.

3 Cha'n eil a h-aon am measg an t-sluaigh
 Aig nach eil uallach féin,
 'S a liuthad mille deòraidh truagh
 Tha 'n sàs fo chuibhreach geur;
 Gach inbhe, saibhreas agus uail,
 Gu 'n searg iad as gu léir,
 A' dearbhadh nach eil sonas buan
 Ri shealbhachadh fo 'n ghréin.

4 Ach cuir do dhòchas anns an Triath,
 'S bheir sin duit misneach ùr,
 An ceum do dhleasanais a' triall,
 'S a reachd dhuit mar reul-iùil;
 Gu 'm faod na cathan a bhì dian,
 Ach théid iad uil' air chùl;
 Thig sìth is fois an déigh nan sìon
 'S an déigh nan cath an crùn.

16

AN T-EUN-SIUBHAL.

GLEUS C.

LE IAIN MAC-A'-CHILÉIRICH.

{ .s	d' ., d' : d' ., d' d' .m' : d' ., l	{ s ., s : s ., m	s : - . }
{ .m	m ., m : m ., m m .d : m ., f	{ m ., m : m ., d	m : - . }

O, 's sgariteil buille bras do sgiath, 'S tu greasad dian thar chuan,

{ .m	r ., m : f ., l	l .s : m ., r	r .d : r ., m	f .s : m ., }
{ .d	t, ., d : l, ., f	f .m : d ., t,	t, .d : t, ., d	l, .t, : d ., }

Eòin bhig chuir cùl ri dùthaich chéin, 'S a ghabh an t-astar mòr leat féin

{ .m	s .s : l .t	d' .t : d' ., r'	m' .d' : s ., t	d' : - . }
{ .d	m .m : f .f	m .r : m ., t,	d .d : m ., f	m : - . }

Gun laigse crìdh' roimh 'n doinnn thréin, Nuair 's àirde geum nan stuadh.

2 Thu 'd aonaran 's an speur 'na smùid
 A' mùchadh gréin an àidh;
 A' mhuir fo ghruaim 's a tonnan sgrìth,
 Gun chlos ri gaothan garga' sgrìth;
 Am fànas dorch' le ceathach min—
 Co dh' innseas c' àit' eil tràigh!

3 Gun ghuth 'gad chòir their riut bhì
 treun,
 Ach beuc nam mòr-thonn àrd;
 Gun ruith-rath'd air an laidh do
 shùil,
 Gun neach no nì a bheir dhuit iùl:
 O, 's cinnt tha spiorad gràidh dhuit
 dlùth
 'Gad stiùradh dh' oidhche 's là.

4 O, buail do sgiath gu cas, 's do dhùil
 Ri doire dlùth is ceòl;
 Gun eagal ann ad chrìdh' no smuain
 Gu 'n tig ort ceò is seachran cuain,
 No 'n àird na h-oidhch' gu 'n laidh ort
 suain,
 'S gun àite tàimh 'gad chòir.

5 Dean cabhag, dèan, gu gleann nan
 craobh,
 'S thig fois an déigh a' chruais;
 Is coma 'n sin, fo 'n oidhche chaoin,
 Ged chì thu anns an aising fhaoin
 Trom fhairge 'ruith, 's ged thig a
 glaodh
 Mar ghuth na h-aoidh gu d' chluais.

GLEUS F.

Le dithis.

$$\left\{ \begin{array}{l} (.s) | s : - : s.s | s : - : \underline{l.t} | d' : - : t | l : s : - | m : - : - | m : r : - | m : s : - | l : - : - . \\ (.m) | m : - : m.m | m : - : \underline{f.r} | m : - : r | d : t_1 : - | d : - : - | \underline{d : t_1} : - | d : m : - | f : - : - . \end{array} \right\}$$

Shuidh mi air cnoc is leig mi m'anail; Hó ró laithill ó;

*Le dithis.**Leis a' chuideachd.*

$$\left\{ \begin{array}{l} (.s) | s : s : s | s : - : \underline{l.t} | d' : - : t | l : s : - | m : - : - | r : r : - | d : - : - | r : - : \\ (.m) | m : m : m | m : - : \underline{f.r} | m : - : r | d : t_1 : - | d : - : - | t_1 : t_1 : - | d : - : - | t_1 : - : \end{array} \right\}$$

Is dh'amharc mi uam fad mo shealladh; Hóir - ionn-ainn éil - e,

$$\left\{ \begin{array}{l} (.m) | s : - : l | d : - : - | l : - : - | d : - : t_1 | l_1 : - : - | : : \\ (.d) | s_1 : - : f_1 | m_1 : - : - | f_1 : - : - | l_1 : - : s_e | l_1 : - : - | : : \end{array} \right\}$$

Na hl hug ó hùg hóir - ionn-àn.

Chunnaic mi bàta làidir daraich,
'S a siùil bhàna àrd r'a crannaibh;

'S i a' snàg a mach o'n chala,
'S air a stiùir bha làmh mo leannain;

Seòladair nam bòc-thonn geala,
A bheir seòlt' i troimh na gleannaibh,

Nuair is ogluidh tòic na mara,
'S na mill mhòra 'dòrtadh thairis,

'S na neòil dhùbhraidh a' spùtadh
dealain;

Bidh a smuain an sin m' a leannan,

'S i 'na h-aonar anns a' ghleannan,
Far am b'aobhach sinn car tamull,

Uallach, aotrom, òg, gun smalan,
Ann an doire maoth a' bharrach;

Cròic nan craobh ag aomadh tharuinn;
Gheall thu dhòmhsa gaol bhiodh
maireann;

'S tha mi brònach, tinn le fadal
Gus am faic mi t'aogas flatbail.

Slàn-gu'n till thu, rùin, gu m'shealladh,
Dh'ùrachadh ar gaol 's ar gealladh.

18 THUG MI GAOL DO 'N FHEAR BHÀN.

GLEUS G. SEISD.

$$\left\{ \begin{array}{l} (.d) \text{ ,, } r | m : r \text{ ,, } m | l_1 : s_1 \text{ ,, } s_1 | m : s \text{ ,, } m | r \\ (.d) \text{ ,, } t_1 | d : t_1 \text{ ,, } d | f_1 : m_1 \text{ ,, } m_1 | s_1 : s_1 \text{ ,, } d | t_1 \end{array} \right\}$$

Thug mi gaol, thug mi gaol; Thug mi gaol do'n fhear bhàn;

$$\left\{ \begin{array}{l} (.d) \text{ ,, } r | m \text{ ,, } r : m \text{ . } s_1 | l_1 : d \text{ ,, } l_1 | s_1 : m \text{ ,, } r | d \\ (.d) \text{ ,, } t_1 | d \text{ ,, } t_1 : d \text{ . } m_1 | f_1 : m_1 \text{ ,, } f_1 | s_1 : s_1 \text{ ,, } f_1 | m_1 \end{array} \right\}$$

Agus gealladh dhuit - sa, luaidh: O, cha dual domh bhì slàn.

RANN.

$$\left\{ \begin{array}{l} (.d) \text{ ,, } r | m \text{ ,, } m : r \text{ ,, } m | l_1 : s_1 \text{ ,, } s_1 | m : s \text{ ,, } m | r \\ (.d) \text{ Chaidh am } | \text{ bà - ta troimh na } | \text{ caoil } | \text{ Leis na } | \text{ daoin - e } | \text{ Di - m'airt; } \end{array} \right\}$$

D.C.

$$\left\{ \begin{array}{l} (.d) \text{ ,, } r | m \text{ ,, } r : m \text{ . } s_1 | l_1 : d \text{ ,, } l_1 | s_1 : m \text{ ,, } r | d \\ (.d) \text{ 'S mis - e } | \text{ phàigh am faradh } | \text{ daor: } | \text{ Bha mo } | \text{ ghaol air } | \text{ a } | \text{ clàr. } \end{array} \right\}$$

2 Chunnacas long air a' chuan,
 'S i cur suas nan seòl àrd ;
 Nuair a dhiùlt i cur mu 'n cuairt,
 Bha mo luaidh-s' air an t-snàmh.
 Thug mi gaol, etc.

3 Tacan mu 'n do luidh a' ghrian,
 Bha mi 'm fianuis mo ghràidh ;
 Tha e nis an grunn'd a' chuain—
 O, gur fuar àite tàimh !
 Thug mi gaol, etc.

4 Bha mi deas is bha mi tuath ;
 Bha mi 'n Cluaidh uair no dhà ;
 De na chunna mi fo 'n ghréin,
 Thug mi spéis do 'n fhear bhàn.
 Thug mi gaol, etc.

5 Cha téid mise 'thigh a' chiùil ;
 Thuit mo shùgradh gu làr
 O 'na chualas thusa, rùn,
 Bhi 'sa ghruund far nach tràigh.
 Thug mi gaol, etc.

19 BHA MI 'N RAOIR AN COILLE CHAOIL.

GLEUS C.

{ :d .m | s .s :l .l | s }
 { :d .d | m .m :f .f | m }
 Bha mi 'n raoir an Coille chaoil

{ :m .m | s .s :l .l | s }
 { :d .d | m .m :f .f | m }
 Tional lusan bòidheach, maoth

{ :d' ., t | l .d' :t .l | s }
 { :d' ., t | l .d' :t .l | s }
 Bha na h-èid air bhàrr nan craobh,

{ :d' .m' | r' .t :d' .l | s }
 { :m .s | f .r :m .f | m }
 Nuair a dh'innis mi mo ghaol

LE NIALL MAC LEÒID.

{ :m .d | r :d | d }
 { :d .d | t₁ :d | d }
 Le mo rìgh - inn òig,

{ :m .d | r :d | d }
 { :d .d | t₁ :d | d }
 Le mo rìgh - inn òig;

{ :m ., f | s .l :s .m | d }
 { :m ., f | s .l :s .m | d }
 'S iad ri 'n ceilear air gach taobh,

{ :m .d | r :d | d }
 { :d .d | t₁ :d | d }
 Do mo rìgh - inn òig.

2 Tha da shùil cho banail, cìthìn
 Aig mo rìghinn òig ;
 Tha da ghruaidh mar ròs fo 'n driùchd
 Aig mo rìghinn òig ;
 Ged bu rìgh mi air a' chrùn
 Leis gach saibhreas agus mùinn,
 Cha 'n eil té d' an tugainn rùn
 Ach mo rìghinn òg.

3 Ged a gheibhinn 'na mo dhiùc
 Gun mo rìghinn òg,
 Cha bu sonas leam a' chùirt
 Gun mo rìghinn òg ;
 Leis gach maise tha 'na gnùis
 Agus buaidh tha air a cliù,
 Cha chuir mise, choidhch', mo chùil
 Rì mo rìghinn òg.

4 Cha 'n eil fearann, cha 'n eil fonn
 Aig mo rìghinn òig ;
 Ach tha cridhe glan 'na com
 Aig mo rìghinn òig ;
 Ged a bhiodh ar bothan lom,
 Is ar sporan gun bhì trom,
 Bhithinn sona ris an tom
 Le mo rìghinn òig.

5 Gur e mise thug an gaol
 Do mo rìghinn òig !
 Bidh mi 'g aisling nuair nach saoil
 Air mo rìghinn òig ;
 Chi mi h-lomhaigh air gach taobh,
 O 'n lath' thachair sinn 'sa chaol,
 Far an d' innis mi mo ghaol
 Do mo rìghinn òig.

GLEUS F.

{ s . s	s : m	: s	s :-	: s . s	l : s	: m	s :-	}
{ m . m	m : d	: m	m :-	: m . m	f : m	: d	m :-	
Ged a shiubhail		mi	cian,	B' e Caol Muil - e		mo	mhiann;	

LEIS AN URR. IAIN MAO LEÒID.

{ s	l : s	: l	d' :-	: m . m	r :-	:-	- :	}
{ m	f : m	: f	m :-	: d . d	t ₁ :-	:-	- :	
Cha d' éir - ich		a'	ghrian	air na 's bòidheh';				

{ d . r	m : m	: m	m :-	: r	d : d	: l ₁	d :-	}
{ d . d	d : d	: d	d :-	: t ₁	l ₁ : l ₁	: f ₁	m ₁ :-	
B' e sud caol		mo	ghràidh	D' an d' thug mis - e		bàigh		

{ d . r	m : s	: m	r . r : r	: r	d :-	:-	- :	
{ d . d	d : t ₁	: d	t ₁ . t ₁ : t ₁	: t ₁	d :-	:-	- :	
O làith - ean		mo	lean-a-bais is m' òig.					

- 2 O, b' àluinn leam riamh an caol ud ri fia,
 'S e 'g iadhadh mu bhuinn nam beann mòr.
 Chiteadh beanntannan àrd, is coillean fo 'n sgàil,
 'Nan àilleachd 'san sgàthan bha fòdhp'.
- 3 O 'n bhirlinn gun tàmh chluinnteadh farum nan ràmh,
 Na h-iorrainn 's na dàin aig na seòid :
 'S nuair a chasadh a' ghaoth, sin chiteadh na laoch,
 Le saod, cur nan luingeas fo sheòl.
- 4 Ach, air da thaobh a' chaoil, c' àit', an diugh, bheil mo dhaoin' ?
 C' àite comunn mo ghaoil agus m' òig' ?
 Tha mo chaoimh-sa 'nan suain fo na tulaichean uain
 Far nach cluinn iad gair euain na 's mò.
- 5 Ach tha 'n caol so mar bha, 's mar a bhitheas a ghnàth,
 A' lionadh 's a' tràghadh gach lò,
 Fo dhoinn 's fo fhia, mar mu seach bha e riamh ;
 Bidh 'àilleachd, 's gach ial, ro mhòr.
- 6 Nuair bhios mòr-shluagh an t-saoghail air crìonadh le aois,
 Cha bhi 'n caol ach an tréine na h-òig'.
 Caol Muile mo ghràidh, d' an d' thug mise bàigh,
 'S ann duit bheir mi gràdh ri m' bheò.

21 MO CHÒMHNUIDH TAOBH AN T-SÀIL.

GLEUS $\mathbb{E}b$.

f, m	$ $	l	$:$	s	$., f$	$ $	m	$:$	l_1	$., t_1$	$ $	$\underline{d, m}$	$, r$	$:$	d	$., m$	$ $	s	$:$	$-$	$.$	$)$
l, d	$ $	d	$:$	t_1	$., l_1$	$ $	s_1	$:$	f_1	$., f_1$	$ $	$\underline{m_1, s_1}$	$, t_1$	$:$	d	$., d$	$ $	m	$:$	$-$	$.$	$)$

Cha 'n fhuirich sruth ri bàt - a; Cha 'n fhuirich là ri rìgh;

LE IAIN MAC PHAIDEIN.

f, s	$ $	l	$:$	r^1	$., d^1$	$ $	t	$:$	l	$., l$	$ $	s	$.$	s	$:$	d	$., r$	$ $	m	$:$	$-$	$.$	$)$
l, m	$ $	f	$:$	f	$., m$	$ $	r	$:$	f	$., f$	$ $	m	$.$	m	$:$	l_1	$., t_1$	$ $	d	$:$	$-$	$.$	$)$

Na bliadhnachan 'gar fag - ail A dh'aindeoin spàirn is strith;

f, l	$ $	s	$.$	s	$:$	d	$., r$	$ $	m	$:$	$-$	$.$	$ $	f	$., l$	$:$	$\underline{d^1, t^1}$	$, l$	$ $	s	$:$	$-$	$.$	$)$
l, f	$ $	m	$.$	m	$:$	l_1	$., t_1$	$ $	d	$:$	$-$	$.$	$ $	l_1	$., f$	$:$	$\underline{m, r}$	$, d$	$ $	t_1	$:$	$-$	$.$	$)$

Ach 's tric gheibh m'inntinn tlàths 'S mo chridh o fhuarachd blàths

f, l, t	$ $	d^1	$.$	t, d^1	$:$	s	$., f$	$ $	m	$:$	l_1	$., t_1$	$ $	$\underline{d, m}$	$, r$	$:$	d	$., d$	$ $	d	$:$	$-$	$.$	$ $
l, f, f	$ $	m	$.$	r, m	$:$	m	$., r$	$ $	d	$:$	l_1	$., s_1$	$ $	$\underline{m_1, s_1}$	$, f_1$	$:$	m_1	$., m_1$	$ $	m_1	$:$	$-$	$.$	$ $

Ann an cuimhne caidir m'òig - e 'S mo chòmhnuidh taobh an t-sàil.

2 Atr iomadh uair 's mi 'm òuar,
 'Nan cròilean chì mi chluann,
 Le greim air cirb an còtain
 A' còmhlachadh nan tonn,
 A' beadradh ris na still
 'S a' chòbhraig de na mill:
 Gur a cuimhne caidir dhòmhsa
 Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil.

3 Nuair d'hrinn ris an stùcan,
 O 'm faicinn lùb a' chaoil,
 O 'm biodh am bàta stiùradh
 'S i giùlan luchd mo ghaoil,
 Le toradh cuain is àgh
 Gu 'm buannaicheadh i 'm bàgh:
 Gur a cuimhne caidir dhòmhsa
 Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil.

4 I tighinn ri fuaradh ealamh
 Fo ìl nan gallan suairc
 Air nach cuir geamhradh ainnis,
 Air nach cuir gailleann fuachd;
 Le sprìot o sròin 'na deann,
 Is rolag gheal fo ceann:
 Gur a cuimhne caidir dhòmhsa
 Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil.

5 B' e 'n sòlas còmhradh cagnail
 'Sa chòmhlan gheanail, ghrinn;
 Bu taitneach sgeul o 'n aithris,
 No duan le caithream binn,
 Toirt aiteil de na bh' ann
 O chian an tìr nam beann:
 Gur a cuimhne caidir dhòmhsa
 Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil.

6 Nuair thilgeadh beinn a dubhar
 Air coill fo duilleach gorm,
 Dé dh' fhàgadh m' inntinn dubhach?
 Dé chuireadh mulad orm?
 'S mo leannan caomh ri m' thaobh,
 Leinn fhéin fo sgàil nan craobh:
 Gur a cuimhne caidir dhòmhsa
 Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil.

7 Mar chuairt feadh chluan nan dlthean
 Tha chumhn' do m' inntinn tlàth;
 Ged 's tric mo chridhe 'g innseadh
 Nach till sud rium gu bràth.
 Mo bheannachd leis na bh' ann
 An tìr nan sruth 's nan gleann:
 Gur a cuimhne caidir dhòmhsa
 Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil.

GLEUS A.

LE NIALL MAC LEÒID.

{ m₁ | l₁: t₁: l₁ | l₁: - : l₁ | t₁: - : l₁ | l₁: t₁: d | r : - : d | t₁: d : l₁ | s₁: - : - | - : - }
 { d₁ | f₁: f₁: f₁ | f₁: - : l₁ | se₁: - : l₁ | l₁: se₁: l₁ | t₁: - : l₁ | se₁: l₁: f₁ | m₁: - : - | - : - }
 Tha doineann nan speur air séideadh thairis, Tha nèamh is talamh 'nan glòir;

{ m₁ | l₁: t₁: l₁ | d : - : r | m : - : m | m : r : d | d : - : m | s : f : m | r : - : - | - : - }
 { d₁ | f₁: f₁: f₁ | m₁: s₁: t₁ | d : - : d | d : t₁: m₁ | m₁: - : s₁ | t₁: t₁: d | t₁: - : - | - : - }
 Tha gathan na gréin ag éir igh thall ud Cur sgéimh air beannaibh a' cheò;

{ r | m : m : m | l₁: - : l₁ | t₁: - : l₁ | l₁: t₁: d | r : - : d | t₁: d : l₁ | s₁: - : - | - : - }
 { t₁ | d : s₁: s₁ | f₁: - : l₁ | se₁: - : l₁ | l₁: se₁: l₁ | t₁: - : l₁ | se₁: l₁: f₁ | m₁: - : - | - : - }
 Tha eunlaith na coill a' seinn le caithream Air roinn nam meanganan òg,

{ m₁ | l₁: t₁: l₁ | d : - : r | m : - : m | l : s : f | m : - : d | r : d : t₁ | l₁: - : - | - : - }
 { d₁ | f₁: f₁: f₁ | m₁: - : t₁ | d : - : d | f : m : r | d : t₁: l₁ | t₁: l₁: se₁ | l₁: - : - | - : - }
 Teirt molaidd do'n Tl thug dhuinn gach beannachd 's a dhion troimh 'n ghallinn iad beò.

- 2 Gach doir' agus bruach le 'n tuar cho fallan
 'S an gruag air lasadh mar òr;
 Fo shileadh an driùchd tha smùid na meala
 Cho cùbhraidh bho anail nan ròs;
 Tha chuthag a' leum feadh gheug a' bharrach
 'S an spréidh cho mear aig a' chrò;
 'S na cruinneagan suairee, guanach, banail,
 Le 'n cuachan bainne 'nan dòrn.
- 3 Gach sruthan is allt 'nan deann a' tarruing
 Gu ceann na mara le gàir;
 Ged bha iad 'sa gheamhradh fann gun anam,
 Ri am na gaillinn an sàs,
 Tha nise na neòinein bhòidheach, gheala
 Mu 'n còsan tairis a' fàs;
 'S an seillean a' stòradh lòn gu thalla,
 'S e 'g òl na meala de 'm bàrr.
- 4 Nach maiseach na glinn 's gach ni gun ainis
 A' cinntinn thairis mu 'n bhàr!
 Fo dhubhar nan crann tha chlànn ag aithris
 Air rann nan eal' air an t-snàmh;
 Gach coir' agus sliabh cho sgiamhach sealladh
 'S a' ghriau 'gam faire le bàigh;
 'S gach lus a bha crionadh shìos fo 'n talamh,
 Le 'n ciabhan glan ris a' bhlàths.
- 5 Tha fois agus sith aig tuinn na mara,
 Cho mìn a' teannadh gu tràigh;
 Cha 'n fhaicear an chrean millteach, greannach
 'Nan still mu 'n charraig le càir;
 Na creagan cho uaibhreach shuas mar challaid—
 'S cha ghluais am balla gu bràth—
 Bidh meallan de cheò cur sgled mu 'm bearradh,
 'S na h-eòin am falach fo 'n sgàil.

GLEUS D.

LE NIALL MAC LEÒID.

{	, s		s	., s	:	m	., d		m	., f	:	s	., s		s	., s	:	m'	., r'		d'	., l	:	l	., }
{	, m		m	., m	:	d	., d		d	., r	:	m	., m		m	., m	:	s	., f		m	., f	:	f	., }

Có 'n sluagh tha 'n diugh 's an ceann fo chis, 'Nan dùthaich fhéin nach fhaigh iad sith,

{	, s		s	., s	:	m	., d		m	., f	:	s	., s		r'	:	r'	., r'		d'	:	d'	., }
{	, f		m	., m	:	d	., d		d	., r	:	m	., m		f	:	f	., f		m	:	m	., }

Air son an d'rinn iad iomadh strith? Na Gàidh - eil! Na Gàidh - eil!

{	, d'		d'	., d'	:	m'	., r'		d'	., d'	:	d'	., d'		l	., l	:	r'	., d'		t	., s	:	s	., }
{	, m		m	., m	:	s	., f		m	., m	:	m	., m		f	., f	:	f	., m		r	., s	:	s	., }

Có thug ar srathan is ar glinn O gharbhlach doirbh gu fearann mh,

{	, d'		d'	., d'	:	m'	., r'		d'	., d'	:	d'	., t		l	:	s	., r'		d'	:	d'	., }
{	, m		m	., m	:	s	., f		m	., m	:	m	., s		f	:	m	., f		m	:	m	., }

'S a dh'fhàg cho torach soirbh an tìr? Na Gàidh - eil! Na Gàidh - eil!

2 Có 'n sluagh le cridhe truasail, blàth,
Do 'n deòiridh bhochd a nochdadh bàigh,
'S ri coigrich fialaidh aig gach tràth?
Na Gàidheil!

3 Có chaidh fhuadach thar a' chuain
Le uachdarain gun iochd, gun truas,
Mar thràillean ùblidh air an ruaig?
Na Gàidheil!

4 Có 'n sluagh tha nis air feadh gach càrn
A' faicinn mar a sgaoil an àl,
'S 'nan dùthaich fhéin nach fhaigh iad tàmh?
Na Gàidheil!

5 Có 'n sluagh tha 'n diugh cho treun 'nan gnlomb,
Cho lionmhor pailt 's a bha iad riamh,
Cho cruadalach air muir 's air sliabh?
Na Gàidheil!

6 Có 'n sluagh tha nis a' dùsgadh suas
A thoirt an còir am mach le buaidh,
Bheir do 'n luchd-fòirneirt aca 'n duais?
Na Gàidheil!

7 Có 'n sluagh bhios fathast anns na glinn,
A' seinn nan òran ceòlmhor binn,
An cànan Oisein agus Fhinn?
Na Gàidheil!

GLEUS A. SEISD.

LE NIALL MAC LEÓID.

{	s_1	:-	l_1	:	s_1		m	:-	r	:	d		l_1	:-	f_1	:	l_1		d	:-	l_1	:	f_1	}		
{	m_1	:-	f_1	:	m_1		s_1	:-	f_1	:	m_1		f_1	:-	f_1	:	f_1		m_1	:-	f_1	:	f_1	}		
	Mhuinntir		a'		ghlinn		-		e		so,		ghlinn		-		e		so,		ghlinn		-		e	so;

{	s_1	:-	l_1	:	s_1		m	:-	r	:	d		r	:-	m	:	r		r	:-	d	}			
{	m_1	:-	f_1	:	m_1		s_1	:-	f_1	:	m_1		f_1	:-	s_1	:	f_1		f_1	:-	m_1	}			
	Mhuinntir		a'		ghlinn		-		e		so,		's mith		-		ich		dhuibh		éir		-		igh!

{	s_1	:-	l_1	:	s_1		m	:-	r	:	d		l_1	:-	f_1	:	l_1		d	:-	t_1	:	l_1	}		
{	m_1	:-	f_1	:	m_1		s_1	:-	f_1	:	m_1		f_1	:-	f_1	:	f_1		l_1	:-	s_1	:	f_1	}		
	Mhuinntir		a'		ghlinn		-		e		so,		ghlinn		-		e		so,		ghlinn		-		e	so;

{	s_1	:-	l_1	:	s_1		s_1	:	d	:	m		r	:-	m	:	r		r	:-	d	}	
{	m_1	:-	f_1	:	m_1		m_1	:	m_1	:	s_1		f_1	:-	s_1	:	f_1		f_1	:-	m_1	}	
	Mhuinntir		a'		ghlinne				so,		's mith		-		ich		dhuibh		éir		-		igh!

FINE.

RANN.

{	m	:-	r	:	m		s	:-	m	:	d		r	:-	m	:	r		d	:-	l_1	:	f_1	}
{	d	:-	t_1	:	d		m	:-	d	:	d		f_1	:-	s_1	:	f_1		l_1	:-	f_1	:	f_1	}
	Rinn		iad		ur		mealladh,		ur		mealladh,		ur		mealladh;		Gu'n							

{	m	:-	r	:	m		s	:-	m	:	d		r	:-	m	:	r		r	:-	d	}
{	d	:-	t_1	:	d		m	:-	d	:	d		f_1	:-	s_1	:	f_1		f_1	:-	m_1	}
	d' rinn		iad		ur		mealladh		le		geall		-	ann		-	a		breug		-	ach.

{	m	:-	r	:	m		s	:-	m	:	d		l_1	:-	f_1	:	l_1		d	:-	t_1	:	l_1	}	
{	d	:-	t_1	:	d		m	:-	d	:	d		f_1	:-	f_1	:	f_1		l_1	:-	s_1	:	f_1	}	
	'S mith		-		ich		dhuibh		gluas		-		ad		's na		tigh		-		ean		'nan	luaithre,	'S ur

D.C.

{	s_1	:-	l_1	:	s_1		s_1	:	d	:	m		r	:-	m	:	r		r	:-	d	}			
{	m_1	:-	f_1	:	m_1		m_1	:	m_1	:	s_1		t_1	:-	d	:	t_1		t_1	:-	d	}			
	comp		-		an		-		aich		shuairce		'nan		suain		as		nach		éir		-		ich.

2 Tha osag nam fuar-bheann, ri aghaidh nan cruachan,

A' caoidh nam fear uasal a bhuaileadh le eucoir.

Craobh mbullaich Chloinn-Dòmhuill, chaidh a ghearradh le fòirneart,

'S an meangantair òga gun treòir air an reubadh.

Mhuinntir a' ghlinne so, etc.

3 Le thàirse no tuireadh cha dùisgear iad tuilleadh ;

Gus an crìonar an cruinne cha 'n urrainn iad éirigh.

Gus an teirig na beanntan, bidh cuimhn' air a' ghleann so

'S air toradh a' ghamhlais is feall an luchd-reubainn.

Mhuinntir a' ghlinne so, etc.

GLEUS F.

{	d	: d	: d	d . d	: -	: d	d'	: - . t	: l	l . l	: -	: s	}
{	m	: m	: m	d . d	: -	: d	m	: - . r	: d	f . f	: -	: m	}
Fhir	leis	an	cumant'	bhi	siubh	-	al	na	garbh	-	laich,		

LE IAIN MAC GILL-EATHAIN.

{	s	: f	: m	m . m	: -	: d	m	: - . s	: s	l ₁ . l ₁	: -	: s ₁	}
{	m	: r	: d	d . d	: -	: m	s ₁	: - . m	: m	f ₁ . f ₁	: -	: m ₁	}
Thig	ag	-	us	innis	domh	nis	o	cheann	aim	-	air:		

{	s ₁	: - . l ₁	: d	d . d	: -	: d	m	: - . f	: s	l . l	: -	: s	}
{	m ₁	: - . f ₁	: m ₁	l ₁ . l ₁	: -	: l ₁	d	: - . r	: m	f . f	: -	: m	}
C' àit'	bheil	a'	chaileag	tha	colt	-	ach	ri	'sean	-	mhair?		

{	l	: d'	: l	s . s	: -	: f	m	: d	: r	d	: -	: -	
{	f	: l	: f	m . m	: -	: r	d	: d	: t	d	: -	: -	
Tha	i	air	searg	le	duilleach	na	tì.						

- 2 Thus', a Cheit òg, d'am bu chòir a bhi fallan,
Le fuil agus feòil mu 'n do thòisich galar ort,
Bheir mi dhuit léigh a leighiseas t' anshocair:
O! am bainne is seachainn an tì.
- 3 Chì sibh a' chailleach 'na suidh' aig na h-èibhlean,
Bannan m' a lethcheann 's i gearan an déididh;
'S gann gu 'n toir i dhuibh freagairt le réite:
Labhraidh i breun mur faigh i 'cuid tì.
- 4 Bodach a' bhrochain gu seòlta, seideanta,
Dh' itheadh gu somalta bonnach an leth-oirlich,
A' caoidh 's a' gearan 's a làmh fo lethcheann,
Gun chungaidh eile ni leigheas ach tì.
- 5 Ged thig am bann' oirnn an toiseach an t-samhraidh,
Leanaidh na caileagan fasan a' gheamhraidh;
Fiacail fhallan cha 'n fhuirich 'nan ceann,
'S na buin a bhios ann air an dubhadh le tì.
- 6 Iasg na mara, tha Glascho làn deth;
Im no uighean cha 'n fhuirich 'san àite;
'S ged ithcadh na caileagan tur am buntàta,
Rachadh an càis a cheannach na tì.

GLEUS D. SEISD.

{ d' s : m : d d : t, : d m : r : r r : m }
{ : m m : d : d l, : se, : l, d : d : t, t, : d }
O, 's fad - a 'sa mhonadh, 'sa mhonadh, 'sa mhonadh,

{ f s : m : d d : m : s s : l : t : d' : - }
{ : r m : d : d d : d : m m : f : r : m : - }
Gur fad - a 'sa mhonadh am buach - aill - e buidhe.

{ l s : m : d d : t, : d m : r : r r : m }
{ : f m : d : d l, : se, : l, d : d : t, t, : d }
O, 's fad - a 'sa mhonadh, 'sa mhonadh, 'sa mhonadh;

{ f s : l : ta ta : l : s s : m' : r' d' : - }
{ : r m : f : s s : f : m m : s : f m : - }
Gur fad - a 'sa mhonadh am buach - aill - e buidhe.

FINE.

{ s s : l : t d' : t : d' r' : d' : t d' : - , d' }
{ O, tha e cho buidh - e is tha e cho bòidheach, }

{ l s : l : t d' : d' : d' r' : d' : t d' : - }
{ 'S cho gaisgeil ri òig - ear tha siubhal na tìr; }

{ s s : l : t d' : t : d' r' : d' : t d' : d' }
{ 'S thug e dhomh gealladh mu 'n d' fhàg e mo shealladh, }

{ s l : d' : l l : s : m r : m : s l : - }
{ Nach taghadh e leannan ri nbaireann ach mi. }

D.C.

2 Bu sòlasach, éibhinn 'san òg-mhaduinn Chéitein,
 Bhi cuallach na spréidhe air rèidhlean Dhail-fhinn;
 An uiseag 's an smeòrach, 's am buachaille còmhla riu,
 Gabhail nan òran bha ceòlaireach, binn.
 O, 's fada 'sa mhonadh, etc.

- 3 Ach thàinig fios cabhaig a nall thar a' bhealaich
 Gu caisteal a' cheannaird, fo cheangal an rìgh,
 A' gairm air gach duine bhi triall do Ghleann-fionnaidh ;
 'S nuair dh' fhalbh am fear buidhe, bu mhuladach mi.
 O, 's fada 'sa mhonadh, etc.
- 4 Tha còtaichean sgàrlaid air muinntir rìgh Deòrsa,
 Is riobainean bòidheach a' ceangal an cinn ;
 'S tha breacan an fhéilidh air gillean a' phrionnsa,
 'S am buachaille buidhe fo uidheam gu grinn.
 O, 's fada 'sa mhonadh, etc.
- 5 'N am aonar a' suidhe air aodann na tulaich,
 Fo mhulad nach urrainn mi idir chur dhìom ;
 'S cha 'n éirich mo chridhe ri subhachas tuilleadh
 Mur till am fear buidhe a rithis do 'n tìr.
 O, 's fada 'sa mhonadh, etc.

27 CHUNNCAS BEAN 'SAN TÙR 'NA SUIDHE.

GLEUS Eb.

{ : s ., l | d' ., d' : d' ., l | s ., m .- : s ., l | d' ., d' : d' ., l | s ., }
 { : m ., f | m ., m : m ., f | m ., d .- : m ., f | m ., m . m ., f | m ., }
 Chunnacas bean 'san tùr 'na suidhe ; Fairich : o, fairich ó ;

{ , s : s . d' | m ., r : m . d' | l , s , - , d : m ., r | m . s , m : r ., d | d }
 { , m : m . m | d ., t₁ : d . m | f , m , - , d : d ., t₁ | d . m , d : t₁ ., d | d }
 'S a falt a sìos 'na dhualaibh buidhe ; E hó u ó e hó u ó .

- 2 'S a falt a sìos 'na dhualaibh buidhe,*
 Fairich l o, fairich ó ;
 'S i 'ga chùreadh le cir fhiodha
 E hó u ó e hó u ó .
- 3 Dh' fheòraich mi dhith có dheth 'm bitheadh.
 Fairich l o, fairich ó ;
 Gur e 'n t-àrd-rìgh m' athair dligheach ;
 E hó u ó e hó u ó .
- 4 Mac rìgh Seumas a' toirt domh bidhe ;
 Fairich l o, fairich ó ;
 'S a bhaintighearn òg a' toirt domh dibhe.
 E hó u ó e hó u ó .

* Aithris gach sreath a réir mar a ta shuas.

GLEUS E^b. SEISD.

{ m ,d' .- : d' ., t l ., s : m	{ m ,d' .- : s .l s .m : r	}
{ d ,m .- : m ., r f ., m : d	{ d ,m .- : m .f m .d : t ₁	
Hill u illinn iù ho ró;	Hill u illinn iù ho ró;	

FINE.

{ d ., d : d ., d r ., m : d'	{ l ., m : s ., l r ., d : d	
{ m ₁ ., m ₁ : l ₁ ., l ₁ t ₁ ., d : m	{ f ., d : m ., f t ₁ ., d : d	
Hill u illinn iù ho ró,	Hillinn ó hug ó ro l.	

RANN.

{ d ., d' : s ., l l ., s : m	{ m ., d' : d' . <u>t</u> , <u>d'</u> r' ., m : r	}
{ d ., m : m ., f f ., m : d	{ d ., m : m . <u>r</u> , <u>m</u> f ., d : t ₁	
Cha teid mis - e choidhch' le m' dheòin	Gu mac òg an Iarla ruaidh	

D.C.

{ m ,m .- : r ., d r ., m : d'	{ l ., s : m .s r ., d : d	
{ d ,d .- : t ₁ ., d t ₁ ., d : m	{ f ., m : d .m t ₁ ., d : d	
Gus an cuir a' bheinn ud shìos	Chlaibh ris a' bheinn ud shuas.	

- 2 Cha teid mise choidhch' le m' dheòin
Gu mac òg an Iarla ruaidh
Gus an dean an eala bhàn
Nead gu b-àrd air bhàrr nan stuadh.
Hill u illinn iù ho ró, etc.
- 3 Cha teid mise choidhch' le m' dheòin
Gu mac òg an Iarla ruaidh
Gus an cuir am bradan breac
Tri chuir mhear an crò nan uan.
Hill u illinn iù ho ró, etc.
- 4 Thog a muime thall a ceann :
“S gòrach leam do chainnt, a luaidh ;
Bheir thu gaol roimh Fhéill-an-ròid
Do mhac òg an Iarla ruaidh.”
Hill u illinn iù ho ró, etc.
- 5 “Cainnt nan òg-bhean tha mar dhriùchd
A ni grian a shùghadh suas ;
Mu 'n tig Samhainn bidh tu pòst'
Aig mac òg an Iarla ruaidh.”
Hill u illinn iù ho ró, etc.
- 6 A' bheinn ud shìos 's a' bheinn ud shuas,
Cha do charaich riamh, 's cha ghluais ;
Ach thug Màiri gaol gun ghò
Do mhac òg an Iarla ruaidh.
Hill u illinn iù ho ró, etc.
- 7 Tha 'n eala gur 'san eilean 'bhàn,
'S am bradan tàrr-gheal feadh a' chuain,
'S tha Màiri nis 'na eòile pòst'
Aig mac òg an Iarla ruaidh.
Hill u illinn iù ho ró, etc.



GAELIC PUBLICATIONS.

"MODERN GAELIC BARDS."

Compiled and Edited by MALCOLM C. MACLEOD.

First Series contains a large and varied selection of Gaelic Poems, Songs, and Melodies.

Biographical Sketches and Portraits of John Campbell, Malcolm MacFarlane, Lieut.-Col. John MacGregor, M.D.; Donald MacKechnie, Rev. John MacLeod, D.D.; Neil MacLeod, Rev. Norman MacLeod, D.D.; Dr John MacLachlan, Dugald MacPhail, and Henry Whyte. Cloth, 7/6 net.

A NEW COLLECTION.

"MODERN GAELIC BARDS."

Second Series. Part 1, with Table of Contents complete in itself.

Biographical Sketches and Portraits of Rev. Alexander Stewart, LL.D., "Nether Lochaber"; Jas. Munro, Mrs Mary MacKellar, Malcolm Campbell MacPhail, Murdo MacLeod, and Duncan Reid. Songs, Melodies, Biographies, Portraits. A beautifully printed book, the music being clear and well reproduced. Dainty paper cover with Celtic design printed in four colours. 8vo., price 2/- net. Large paper edition, ¼ cloth, 7/6 net.

MACLEOD'S GAELIC BOOKLETS.

- No. 1.**—Ceit Mhor agus Maighstir Lachlann (Loch-caroin), maille ri tri Naidheachdan Uidhisteach, le D. I. Mac Cuis. 2d, post free 3d.
No. 2.—Chi sinn thall thu, le Iain B. Stiubhard, nach maireann. 2d, post free 3d.
No. 3.—Cul-taic an t-salghdeir, Leis An Urr, D. T. Mac Aoidh. 4½d, post free 5½d.
-

GAELIC SONG SHEETS.

Music in Sol-Fa and Old Notation.

- No. 1.**—Posadh Pluthar Iain Bhaln. 1½d, post free 2½d.
-

PARTS I. and II., 4½d each net.

AN LÒN-DUBH (THE BLACKBIRD).

A collection of Gaelic Songs, with Music in Two-part Harmony (Sol-Fa). This book is intended for use in the Schools of the Highlands, but all the Songs are suitable for Adults.

The Phonetics of the Gaelic Language,

with an exposition of the current Orthography and a system of Phonography by Malcolm MacFarlane. Cloth, 2/6 net.

**An inky fountain in a nest,
MacLeod's great pen—it is the Best.**

**You can depend
upon the
MACLEOD
PEN**

The finest production of skilled British workmen, and 25 per cent. cheaper than all others. The MACLEOD No. 1 Fountain Pen Popular Standard Pattern, - - - - - **8/6**

The MACLEOD No. 2 Screw-Cap Safety Fountain Pen can be carried in any position, as it is impossible for the ink to leak, - - - - - **9/6**

The MACLEOD No. 3 Self-Filling Screw-Cap Safety Fountain Pen. It is filled in a second. No separate filler required. Screw-cap, Safety-non-leakable no matter in what position it is carried. The simplest and most satisfactory Self-Filling Pen in the market **10/6**

A LARGE AND VARIED SELECTION OF

FOUNTAIN PENS AND STYLOS ALWAYS IN STOCK.

Safety Screw-Cap RECEDING PENS, with disappearing nibs.

Wyvern, No. 23,	each	7s 6d
Wyvern, No 24,	„	10s 6d
The Wyvern Selfil Safety, No. 50,	„	12s 6d
Self-Filling Pen, Wyvern No. 33,	„	8s 6d
The Wyvern Fountain Pen, No. 11, turned-up point,	„	12s 6d
The Wyvern, No. 9b,	„	6s 6d

STYLOS.

The Welcome,	„	4s 0d
The Wyvern, No. 9 (Black),	„	5s 6d
Do. No. 11 (Black),	„	5s 0d
Do. No. 11 (Tan),	„	6s 0d

Splendid assortment of Fountain Pen Caps, any make of Pen fitted, 9d and 1s each.

The New Patent Fountain Pen Clip and Protector,	each	1s 0d
Silver Plated Clips,	„	0s 9d
Gold Plated Clips,	„	1s 0d
Nickel Plated Clips,	„	0s 3d
The "Avecta" Expanding Clip,	„	0s 4½d

Leather Pockets, to hold one or two Fountain Pens—

No. 8, each 9d. No. 10, each 1s 3d. No. 12, each 1s.
Nos. 14 and 16, each 1s 6d. No. 18, each 2s 6d.

MALCOLM C. MACLEOD, 183 Blackness Road, Dundee.